

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Clò Mòr (4)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,302. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 998 corresponds to Litir 1,302. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi ag innse dhuibh mu sheann chunntas mun chlà mòr. Chaidh a sgrìobhadh le Ruairidh Caimbeul à Mionaird. An dèidh an dathaidh, bha *almadh* ann – no *mordanting*. B' e sin pròiseas anns am biodh na dathan air an ceangal gu daingeann ris a' chlàimh. Airson sin, bhiodh na seann Ghàidheil gu tric a' cleachdadh cairt-làir '*tormentil*' no copag '*docken*'. Chan e 'copag' a sgrìobh Ruairidh Caimbeul ach 'copagach'.

An ath rud a bhiodh a' tachairt, b' e sin cìreadh agus càrdadh. Seo mar a mhinicheas an t-ùghdar mar a bha an càrdadh a' tachairt: 'B' i a' chàrd **dà bhòrd fhiodha**, mu throigh air fhad agus ochd òirlich air leud, le fiaclan caola iarainn agus dlùth ri chèile air gach bòrd. Bha làmh chruinn fhiodha ceangailte ri gach tè gu feum na mnà càrdaidh, agus bha na rolagan air an dealbhadh agus air an cumadh gu grinn le bhith a' suathadh agus a' sgrìobadh na clòimhe eadar an dà chàrd.'

Bha na rolagan an uair sin air an snìomh air cuibhle-shnìomh. Mar bu trice, 's iad boireannaich a bhiodh ris an obair sin. Bhiodh iad a' dèanamh cheirslean – *balls of yarn*. Ceirslean.

An uair sin, bhiodh am fighe a' dol air adhart. Bhiodh iad a' cur snàth air an deilbh. *Putting the yarn on a warping frame*. Nuair a bha a' bheart deiseil, bhiodh am breabadair a' fighe a' chlà. 'S e obair mhòr a bh' ann air fad.

Nuair a bha an clò dèante, cha robh aca ri dhèanamh ach an luadhadh. 'S e gnothach cudromach a bha seo. Luadhadh a' chlà. *The waulking of the tweed*. Bhiodh mòran an sàs ann. Mar bu trice, 's iad boireannaich a-mhàin a dhèanadh an luadhadh. B' iad sin na 'mnathan-luadhaidh'.

An latha ron luadhadh, bhiodh an clò air a bhogadh ann an cumlaig. 'S e sin a' Ghàidhlig air '*a soap and soda mixture used in tweed making*'. A' chumlaig.

Air latha an luadhaidh, **bhiodh an clò air fhàsgadh** agus air a chur air a' chlàimh-luadhaidh. 'S e sin a' Ghàidhlig air *waulking board* – *cliath-luadhaidh*. Bhiodh na boireannaich a' gabhail òrain fhad 's a bha iad ris an luadhadh. Bidh gu leòr de na h-òrain sin air an seinn fhathast.

'S e latha sona a bh' ann. Seo na sgrìobh Ruairidh Caimbeul: 'B' e latha luadhaidh latha bu mhotha spòrs agus àbhachdais, b' e siud latha na gàireachdaich ... am faca no am faic sinn gu bràth nigheanan a bu chridheil' 's a bu laghaiche na mnathan-luadhaidh. Chan fhac' agus cha b' urrainn sin a bhith.'

An dèidh an luadhaidh bha an clò air a chur air choinneil – *wound around a large wooden stick*. Air a chur air choinneil. Agus an uair sin bha e air a ghlanadh ann an loch no abhainn faisg air làimh.

Mus fhàg mi an t-alt seo, tha Ruairidh Caimbeul a' toirt cunntas dhuinn de dh'ainmean nan corragan anns a' Ghàidhlig aige fhèin. Bha mi a' faighneachd de dhaoine aig cruinneachadh air a' Chomraich am-bliadhna dè na h-ainmean Gàidhlig a bh' aca fhèin air na corragan. Bha iad eadar-dhealaichte bhon fheadhainn aig Ruairidh Caimbeul. Ach bha ainmean eadar-dhealaichte aig gach duine às a' Chomraich! Co-dhiù, seo iad aig Ruairidh còir – an òrdag, an sgealbag, an gunna-fada, nic an t-sagairt agus meur bheag an airgid.

* * * * *

Faclan na Litreach: almadh: *mordanting (aluming)*; cìreadh agus càrdadh: *combing and carding*; làmh chruinn fhiodha: *a round wooden handle*; fighe: *weaving*.

Abairtean na Litreach: pròiseas anns am biodh na dathan air an ceangal gu daingeann ris a' chlàimh: *a process in which the colours would be fixed to the wool*; seo mar a mhìnichas an t-ùghdar mar a bha an càrdadh a' tachairt: *here's how the author explains how the carding took place*; mu thrìgh air fhad agus ochd òirlich air leud: *about a foot in length and eight inches in width*; le fiaclan caola iarainn agus dlùth ri chèile: *with narrow iron teeth which are closely packed*; bha na rolagan air an dealbhadh agus air an cumadh gu grinn le bhith a' suathadh agus a' sgrìobadh na clòimhe eadar an dà chàrd: *the rolags (rowans) were designed and shaped nicely by rubbing and scraping the wool between the two cards*; air an snìomh air cuibhle-shnìomh: *were spun on a spinning wheel*; nuair a bha a' bheart deiseil, bhiodh am breabadair a' fighe a' chlà: *when the loom was ready, the weaver would weave the tweed*; 's e boireannaich a-mhàin a dhèanadh an luadhadh: *it is only women that would do the waulking*; bhiodh na boireannaich a' gabhail òrain fhad 's a bha iad ris an luadhadh: *the women would sing songs while they were involved in the waulking*; b' e [an] latha luadhaidh latha bu mhotha spòrs agus àbhachdais, b' e siud latha na gàireachdaich: *the waulking day was the day of greatest fun and hilarity, that was the day of laughter*; am faca no am faic sinn gu bràth nigheanan a bu chridheil' 's a bu laghaiche na mnathan-luadhaidh: *did we ever or will we ever see girls that are heartier or nicer than waulking-women*; an òrdag, an sgealbag, an gunna-fada, nic an t-sagairt agus meur bheag an airgid: *the thumb, first finger, second finger, third finger and pinky*.

Puing-chànain na Litreach: B' i a' chàrd dà bhòrd fhiodha: *the card was two wooden boards*. When a noun in the dual case is accompanied by an adjective, the adjective is lenited. Thus we would say dà chat mhòr 'two big cats' and dà chù bheag 'two small dogs'. When the adjective is a noun in the genitive case, the lenition rule operates in the same way. Thus bòrd fhiodha 'wooden board' becomes dà bhòrd fhiodha 'two wooden boards'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: bhiodh an clò air fhàsgadh: *the tweed would be squeezed/wrung out*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA